



Teisteanais
Nàiseanta
2026

X832/76/11

Àrd-Ìre

DICIADAIN, 29 GIBLEAN

12:30 F – 2:20 F

**Gàidhlig
Leughadh**

Gàidhlig Reading

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Feumaidh tu leabhran nam freagairtean fhàgail air an deasg agad; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



An Gliocas Amaideach

“Èirich! Thig a-mach às an leabaidh mus slaod mi fhèin a-mach thu, a dhuine gun fheum!” Guth suarach athar a-rithist. Ged a bha a chorp agus inntinn ag èigheach airson fois, thòisich Murchadh air gluasad. Dè eile a b’ urrainn dha a dhèanamh?

5 “Greas ort,” dh’òrdaich athair ’s gun Murchadh dìreach ach air suidhe sìos airson bracaist, “feumaidh tu am bàthach a ghlanadh a-mach agus an uair sin . . .” Choimhead Murchadh air athair le gràin ach bha e air bruidhinn air ais ro thrìc roimhe seo. Cha robh e ach mar phrìosanach.

Air an t-slighe a-mach chunnaic e a bhràthair òg, Seòras, na shuidhe mar a b’ àbhaist aig uinneig an rùm-suidhe. Cha robh athair ag èigheach air-san. Cha robh ann ach truaghan, nach b’ urrainn bruidhinn no cuideachadh sam bith a thoirt seachad. Cha robh Seòras air a bhith mar sin nuair a
10 bha e na b’ òige ge-tà. Shaoil cuid de dhotairean gur e laigse a thàinig air an dèidh tinneas grànda a bhith air. A-nis, bha Seòras air chall na shaoghal beag fhèin — saoghal air am bu thoigh le Murchadh tadhal aig amannan.

Le cho searbh ’s a bha a bheatha, bha fios aig Murchadh gum fàgadh e an dachaigh. Bhiodh e a’ cur beagan airgid air leth bho àm gu àm. Beag air bheag, bha dòchas a’ lìonadh a chridhe gun
15 toireadh na bh’ aige fad air falbh e latha brèagh’ air choreigin. Thàinig an latha nuair nach b’ urrainn dha fuireach tuilleadh. Mionaid eile ’s bhiodh e air rudeigin uabhasach a dhèanamh air athair.

* * *

A’ coiseachd sràidean a’ bhaile mhòir, bha Murchadh mar dhuine a bh’ air a leigeil saor an dèidh bliadhnachan duilich, dorch a fhulang. Cha b’ fhada gus an d’ fhuair e obair agus flat seasgair agus
20 b’ ann le sunnd a dh’fhosgail a shùilean gach madainn. Aig amannan, thilleadh inntinn Mhurchaidh chun na dachaigh — cha b’ ann le aithreachas gun do dh’fhalbh e ach le toileachas gun do bhris e aiste.

An ceann mòran bhliadhnachan bha Murchadh dha-rìribh air sreap a-mach às an toll dhubh, dhomhainn san robh e. Lèine ghlan, gheal. Airgead gu leòr. Fois. Esan ag innse do dhaoine eile dè
25 dhèanadh iad. Ach eu-coltach ri athair cha b’ e duine mosach a bh’ ann. Dh’fhàs gach cuimhne den dachaigh na bu laige. Ach a-mhàin Seòras. Dè thachair dha? Ged nach robh ceangal eatarra, b’ e a bhràthair, agus bha cogais Mhurchaidh ga bhuaireadh.

* * *

’B ann tràth sa mhadainn, a rinn Murchadh a shlighe gu tuathanas athar. Ruith e a làmh tarsainn fheusag throm. Cò dh’aithnicheadh e ’s e air atharrachadh cho mòr? Dh’fhalaich e e fhèin am
30 measg nan craobh ge-tà far an robh sealladh math air an taigh. A’ feitheamh.

Nam biodh Seòras fhathast timcheall, thigeadh e chun na h-uinneig far am biodh e a’ brunndail ris fhèin fad an latha. Thàinig fear gu cathair Sheòrais agus leum cridhe Mhurchaidh. Bha Seòras fhathast beò! Nam biodh athair fhathast beò, dh’fhosgladh an doras ’s thigeadh e a-mach airson obair latha a thòiseachadh. Thàinig fear eile a-mach . . . ach b’ e duine òg a bh’ ann, le ceum
35 aotrom.

Cha robh aig Murchadh ach ri tilleadh dhan bhaile mhòr — bha Seòras beò. Nach fhac’ e na shuidhe aig an aon uinneig e? Ach bha buaireadh a’ togail ann an inntinn Mhurchaidh. Thàinig e gu slaodach às na craobhan agus a dh’ionnsaigh an duine. Thionndaidh an duine ris agus choimhead e air le tàire mar gum biodh e ag ràdh, “Cò fo ghrian thusa ’s tu an seo aig an àm seo
40 den mhadainn?”

“Uhm. ’S ann às a’ bhaile mhòr a tha mi,” thòisich Murchadh. “Uhm. Tha mi airson beagan fearainn a cheannach.” Choimhead an duine ri Murchadh le sùilean sanntach. “Leam fhèin tha a h-uile sgath dheth seo. Dh’fhuirich mise ùine mhòr mus d’ fhuair mi e.”

45 Leis-san? Ciamar? Cuin? Cò? Cus cheistean 's gun ach glè bheag a' tighinn ri chèile. "Thàinig mi astar fada . . ." arsa Murchadh 's e an dòchas gum faigheadh e cuireadh dhan taigh. B' ann le faochadh a chunnaic e fiamh-ghàire air aghaidh an duine, "Chan eil mòran tìde agam, ach thig a-steach airson cupa tì."

50 Mar a b' fhaig' a thàinig e air an taigh, 's ann a bu mhotha a bha cridhe Mhurchaidh a' bragadaich mar dhruma na chluasan. Seòras. Ràinig iad an cidsin agus chuala Murchadh fuaim a dh'aithnich e. Guth a bhràthar an ath-dhoras, 's e a' brunnadail ris fhèin mar bhodach a bha air a chiall a chall.

"Dè thachair dhan teaghlach a b' àbhaist a bhith an seo?" dh'fhaighnich Murchadh. Thòisich an duine a' gàireachdainn, gàire a thàinig bho shàilean, suas tro chorp 's a-mach air a bheul.

55 "Innsidh mise dhutsa sgeulachd èibhinn," arsa esan. "Bha triùir an seo bho thùs. Duine fiadhaich 's a dhà mhac. Cha robh am mac a b' òige ach bochd. Bha aig a' mhac eile ris a h-uile càil a dhèanamh. Theich esan — cha b' urrainn dha cur suas ris tuilleadh. Mu dheireadh thall, bha aig an athair ris an obair a leigeil seachad agus ghabh mise thairis am fearann." Shocraich inntinn Mhurchaidh 's e a' blàthachadh ris an duine. Seo am fear, a rèir coltais, a ghabh thairis cùram Sheòrais cuideachd.

60 Dh'èirich an duine agus rinn e a shlighe chun an rùm far an robh Seòras. Lean Murchadh. Nuair a laigh a shùilean air Seòras, theab a chridhe stad. Bodach aosta, làmhan cnàmhach air chrith, 's e a' brunnadail ris fhèin. Thàinig an gàire uair eile. "Agus seo agad, athair an dà mhac." Dh'fhairich Murchadh an saoghal a' dùnadh a-steach air. "Dè thachair dhan mhac bhochd?" dh'fhaighnich Murchadh le uabhas.

"Uill, tha e coltach nach robh e cho bochd 's a bha dùil."

65 "Cò air a tha thu a-mach?" dh'fhaighnich Murchadh le beagan feirg.

"Smaoinich fhèin! Bha athair cho cruaidh air na balaich. Chunnaic am mac òg cothrom nuair a dh'fhàs e tinn. Leig e air gun robh e lag agus às a chiall agus chreid a h-uile duine e. ladsan a' smaoineachadh gun robh e amaideach ach esan cho glic."

70 Cha b' urrainn do Mhurchadh càil a ràdh. Seòras glic — a' feitheamh airson an latha nuair a gheibheadh e a h-uile càil. Am fearann. An dachaigh. An t-airgead. A phàirt fhèin agus pàirt a bhràthar.

Choimhead an dà bhràthair ri chèile. Seòras a' gàireachdainn aig àird a chinn.

Rinn Murchadh a shlighe gu cugallach chun an dorais.

"Thoir do chasan leat, a Mhurchaidh. Chan eil feum agam ort."

An Gliocas Amaideach, Cairistìona Stone (atharraichte)

[Tionndaidh an duilleag

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas. Cho tric 's is urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadh nad fhreagairtean.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1–6.

1. Tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn nach robh “Murchadh ach mar phrìosanach.” Seall, le eisimpleirean às an teacsa, mar a tha an samhla seo freagarrach a thaobh bheatha Mhurchaidh.

3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 7–12.

2. Dèan geàrr-chunntas air suidheachadh Sheòrais (bràthair Mhurchaidh). Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas.
3. Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh ìomhaigheachd inntinneach ann an loidhnichean 11–12. Minich an ìomhaigheachd seo le bhith a' togail air na fhuair sinn a-mach mu bheatha Sheòrais agus Mhurchaidh chun a seo.

3

2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 15–17 (bho ‘Thàinig’).

4. Thoir iomradh air an t-suidheachadh anns an robh Murchadh aig an ìre seo den sgeulachd.

2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 18–27.

5. Tha an sgrìobhadair a' cur ìomhaighean aig a bheil ceangal ri prìosan gu feum a-rithist anns a' phàirt seo den sgeulachd. Le bhith a' cleachdadh eisimpleirean às an teacsa, seall mar a tha iad seo a' soilleireachadh mar a tha beatha Mhurchaidh air atharrachadh.
6. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh taghadh-facail agus structar-seantans gus sealltainn mar a chaidh do Mhurchadh sa bhaile mhòr.

2

3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 24–27 (bho ‘Esan’).

7. Seall, le fianais às an teacsa, na rudan ùra a tha sinn ag ionnsachadh mu phearsa Mhurchaidh.

2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 28–30.

8. Seall, le eisimpleirean às an teacsa, gun robh iomagain air Murchadh nuair a thill e gu tuathanas athar.

3

Ceistean (a' leantainn)

Coimhead a-rithist air loidhnichean 31–35.

9. Dèan soilleir, nad fhaclan fhèin cho fad 's a ghabhas, na diofar smuaintean a bha a' ruith tro inntinn Mhurchaidh 's e a' coimhead air an taigh. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 36–47.

10. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh structar-seantans airson staid-inntinn Mhurchaidh a thoirt am follais anns a' phàirt seo den sgeulachd. Cleachd fianais às an teacsa nad fhreagairt. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 48–50.

11. Le eisimpleirean às an teacsa, seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh ìomhaighean èifeachdach anns a' phàirt seo den sgeulachd. 2

Thoir sùil air an teacsa gu lèir.

12. Seall, le eisimpleirean às an teacsa, mar a tha an sgrìobhadair a' cur structar èifeachdach air an sgeulachd gu lèir. 2
13. Le bhith a' togail air an teacsa air fad, ach gu h-àraid deireadh na sgeòil, beachdaich air cho freagarrach 's a tha an tiotal, "An Gliocas Amaideach". 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh air Còir-lethbhreac

Text — Text is adapted from ‘An Gliocas Amaideach’ by Cairistiona Stone from the collection, *An Claigeann aig Damien Hirst agus Sgeulachdan Eile*.

Qualifications Scotland has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@qualifications.gov.scot.